

Bòrd MG ALBA

Oifisean MG ALBA, Steòrnabhagh

Diardaoin 23 Samhain 2017, 0900-1300

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd:	Magaidh Choineagan (<i>sa Chathair</i>)	Calum MacFhearghais
	Iain Stephen Moireasdan	Daibhidh Brew
	Donaidh MacAmhlaidh	Catriona Nic a' Phì
	Jo NicDhòmhnaill	Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
Niall M. Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Leasachaидh & Co-bhanntachdan*)
Chris Dòmhnallach (*Stiùiriche Obrachaидh*)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*) airson puingean 8-20

1. Leisgeulan

Dùghall MacAmhlaidh.

2. Gnothach Dearbhte

Mhìnich Catriona Nic a' Phì gu robh i ag obair air a' phrògram Device Squad (Bees Nees) maoinichte le MG ALBA.

Mhìnich Jo NicDhòmhnaill gun do rinn i obair eadar-theangachaidh air a' phrògram Ceathrar air a' Chuiltheann (MagicB) agus air Farpaisean Chon Chaorach (Bees Nees) an dà chuid maoinichte le MG ALBA.

Bha cead a' Chathraiche air a dhearbhadh mar a tha am poileasaidh a thaobh a bhith a' gabhail pàirt pàighe ann am prògraman maoinichte le MG ALBA ag iarraidh.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 21/9/17

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

5a. Aithris bhon Cathraiche

Choinnich an Cathraiche ri Sir David Clementi, Cathraiche Bòrd a' BhBC air 26/10/17. B' e deagh coinneamh a bh' ann agus fhuair am buidheann èisteachd mhath.

Bha coinneamh feumail aig a' Cathraiche le Ian Blackford BP.

Thèid coinneamh a chumail le Stiùiriche Nàiseanan & Roinnean a' BhBC air 24/11/17.

Chaidh coinneamh le Leas-Phriomh Mhiniestear na h-Alba a chuir dheth ach thèid oidhirp a dhèanamh ceann-là eile fhaighinn. (Gníomh: DC)

Chaidh còmhradh a chumail mun eacarsaich a bha a' gabhail àite eadar riochdairean bho MG ALBA agus am BBC mu bhith a' sàbhaladh chosgaisean agus a' co-roinn ghoireasan far an urrainn. An dèidh deasbaid agus fios air ais bho oifigearan, chaidh aontachadh gun robh còmhraighean leis a' BhBC bunaiteach aig a h-uile ìre agus gu feumar gach cothrom a ghabhail agus gun cumadh oifigearan a' conaltradh agus a' coinneachadh ris a' BhBC. Ged neach deach sàbhalaidhean no àiteachan far an robh co-roinneadh de ghoireasan an lorg aig an ìre seo, leanaidh còmhraighean eadar an dà bhuidheann eadar seo agus cur air bhog na seanail ùr BBC Scotland. (Gníomh: NMG)

5b. Aithris bho Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Thug Cathraiche na Comataidh seachad iomradh air coinneamh na Comataidh air 9/11/17 ach bha tòrr de na chaidh a dheasbad a' nochdad air clàr choinneimh an là an-diugh.

Dh'innis an Cathraiche gun deach na h-ath cheithir raointean de sgrùdadadh in-thaigh aontachadh, le clàr-ama.

Chaidh innse gun deach deasbad a chumail mu bhith a' cur cunntas chun BhBC airson nan seirbheisean a tha MG ALBA a' libhrigeadh gus dèanamh cinnteach gu bheil BBC ALBA air an èadhar, a' ciallachadh gu bheil faochadh aig a' BhBC air na dleastanas aca ann a bhith a' coileanadh an dleastanas cead-craolaidh airson BBC ALBA.

Ged nach robh na cunntasan ràitheil air beulaibh na Comataidh thug an t-Àrd-Oifigear dearbhadh gu robh iad mar bu chòir agus dheigheadh an sgaoileadh air buill na Comataidh an dèidh na coinneimh.

5c. Aithris bho Chathraiche Chomataidh Inbhean (27/4/17)

Thug Cathraiche na Comataidh seachad iomradh air coinneamh na Comataidh air 5/10/17.

6. Aithisg an Àrd-Oifigeir

Bha aithisg air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Bha buill riaraichte agus chaidh taing a thoirt dhan Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-stiùiridh airson an cuid obrach.

Bho chaidh am pàipear a sgrìobhadh bhathas air neach fhastadh mar Chunntasair Stiùiridh na buidhne agus thèid fios a sgaoileadh a dh'aithghearr. (Gníomh: NMG)

7. Cunntasan Stiùiridh

Bha na Cunntasan Stiùiridh air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra. An dèidh beagan deasbaid, bha buill riaraichte.

8. Conaltradh

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh innse gun deach coinneamh a chumail air 17/11/17 eadar MG ALBA agus Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, le Comhairliche bhon taobh a-muigh agus riochdaire bhon chompanaidh an sàs ann an obair brosnachadh-aithne phrògraman BBC ALBA cuideachd an làthair. B' e adhbhar na coinneimh planadh a dhèanamh son a bhith a' cumail suas sgeulachdan agus fiosrachadh san àrainneachd phoblach; planadh nas fheàrr airson rudan air a bheil fios; agus ciamar as urrainn do choimhairsnachd na Gàidhlig a bhith nas sgiobalta agus nas èifeachdach ann a bhith a' freagairt chasaidean agus a' cur aghaidh ri nàimhdeas.

Chuir buill fàilte air an iomairt seo, le mothachadh ann gur ann air Bòrd na Gàidhlig a bu chòir an t-uallach as motha tuiteam. Thèid fios a chumail ris a' Bhòrd. (Gníomh: DC)

9 Lèirsinn 2021

Chaidh na leanas a dheasbad ann an co-theacsa mar a bhathas a' coileanadh amasan Lèirsinn 2021.

a) A' leasachadh BBC ALBA

Bha pàipear air beulaibh bhall le dreach Plana Bliadhnaill 2018/19 airson Co-bhanntachd BBC ALBA. Chaidh deasbad a chumail, a' toirt iomradh cuideachd air còmhraidhean leis a' BhBC, ann an co-theacsa maoin MG ALBA agus gealladh a' BhBC suas ri 100 uairean a thìde a lìbhrigeadh don t-seanail ro/ann an 2020 tro cho-choimiseanadh, agus am moladh gum pàigheadh am BBC airson cuid a phrògraman bho 2018/19.

Chaidh fàilte mhòr a nochdad mun adhartas le ro-innleachd airson clann òga.

Chaidh fàilte a chuir air a' phlana agus thèid a dheasbad ann an barrachd doimhneachd aig coinneamh leantainneach Bòrd na Co-bhanntachd air 30/11/17. Chaidh taing a thoirt seachad airson an obair a chaidh a dhèanamh air an seo.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' comharrachadh nan 10 pròiseactan a bha cudromach gus an t-seirbheis a leasachadh. Chaidh fàilte a chuir air an seo agus dheigheadh am pàipear seo a chuir air beulaibh Bòrd na Co-bhanntachd air 30/11/17. Togaidh an Cathraiche air a' phàipear seo le Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean a' BhBC air 24/11/17.

Chaidh còmhradh a chumail mun deicheadh cheann-là den t-seanail san t-Sultain 2018 agus am plana a bhith a' toirt ath-nuadhachadh air coltas (*idents/interstitials*) na seanail. Chaidh ceist làidir a thogail am bu chòir dha airgead poblach na buidhne a bhith a' dol gu ruige pàigheadh airson seo, ged a bha tuigse ann mu bhith a' dèanamh coltas na seanail nas tarraigiche airson an luchd-amhairc agus airson nan ginealachdan air a bheileas ag amas. Leis a' BhBC gu bhith a' cur air bhog seanail ùr BBC Scotland an ath-bhliadhna agus le feum air an aon obair a bhith dèante airson sin, chaidh aontachadh bruidhinn ris a' BhBC faic bheil cothrom ann co-nbrachadh leotha air an seo mar phròiseact gus am biodh an dà phìos obrach seo an lùib a chèile. (Gníomh: IMT)

Chaidh fàilte a chuir air na thathas a' dèanamh ann a bhith a' brosnachadh stuthan air gach ùrlar didseatach agus bha aonta ann gu robh seo na raon air am bu chòir tide agus airgead a chosg. Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air an Aonad Dhidseatach airson an obair gu ruige seo. Bidh dùil ri ro-innleachd nas teinne sa Ghiblean 2018. (Gníomh: IMT)

Le dùil ri naidheachdan 7 là air an t-seanail an ath-bhliadhna, dh'iarr am Bòrd gun tigeadh fios air ais thuca aig coinneamh a' Bhùird sa Ghearran 2018 mun t-adhartas le seo (Gníomh: IMT)

b) LearnGaelic

Aig Comataidh Inbhean air 5/10/17, chaidh aontachadh gluasad air plana-obrach airson LearnGaelic – a' gabhail suim de dè na stuthan agus dè na goireasan a tha a dhìth, a' suidhe taobh a-staigh frèam-obrach, clàr-ama agus cosgaisean (a h-uile dad a rèir SCEMIC - Siostam Cumanta Eòrpach airson Measadh Ionnsachadh Cànan). An co-theacsa sin, bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh a mhìneachadh gu robh feum air planadh ghoireasan, le buidheann-stiùiridh na làraich a' stiùireadh na h-obrach agus feum cuideachd air an làrach ùrachadh le barrachd ghoireasan a chuireas taic ri luchd-ionnsachaidh air an t-slìgh tro na diofar ìrean comais.

Dheigheadh an obair seo a dhèanamh ro 31/3/18 agus thèid fios a chumail ris a' Bhòrd. (Gníomh: DC)

9c) Ro-shealladh innleachdail air prògraman

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh ro-innleachd luchd-coimhid na seanail. Cuideachd air beulaibh bhall bha liosta de phrògraman a bha an-dràsta sa bheart agus thug an Ceannard Seirbheis iomradh air cuid aca. Chaidh moladh sònraichte a thoirt don t-sreach Trusadh.

Chuir buill fàilte air farsaingeachd de phrògraman airson na Nollaig agus thèid clàr na Nollaig a chuaireachadh air buill nuair a bhiodh e deiseil. (Gníomh: MAMI)

Chaidh a chomharrachadh gum biodh fiosrachadh mu phrògraman cho-mhaoinichte feumail sa chlàr. (Gníomh: IMT)

10 Plana Obrachaiddh 2018/19

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. San fharsaingeachd chaidh bruidhinn mu cò às a tha an goireas agus am maoin dol a thighinn gus amasan na buidhne a choileanadh agus dè na h-atharraichean a bharrachd a tha a dhìth air a' bhuidheann.

Chaidh pàipear a thaisbeanadh leis an t-Àrd-Oifigear, a' sealltainn cosgaisean lìbhrigidh bho MG ALBA gu BBC ALBA. Chaidh aontachadh moladh a chuir chun BhBC mu bhith ag atharrachadh na modhan ionmhais gus ceadachadh do MG ALBA an tuilleadh susbaint a mhaoineachadh tro bhith a' cur cunntas chun BhBC airson nan cosgaisean gus an t-seirbheis a lìbhrigeadh. Dheigheadh seo air beulaibh Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean a' BhBC air 24/11/17.

Cuideachd san taisbeanadh bha moladh air feumalachdan fastaidh na buidhne. Dh'iarr am Bòrd sgrùdadhbh chosgaisean/bhuannachdan a bhith air a dhèanamh agus chaidh aontachadh deasbad air fòn a chuir air dòigh dìreach ron Nollaig gus am Plana Obrachaiddh aontachadh (Gníomh: MAMI)

11 Slat-tomhais agus frèam-measaидh phrògraman

Thèid obair a dheanamh air clàr no meatraghs gus seo a shealltainn gu soilleir agus thèid fios a chumail ris a' Bhòrd. (Gníomh: IMT). San eadar-ama, chaidh buill an stiùireadh gu rannsachadh Cairteal 2 de 2017/18 sna pasgain ràitheil.

12 Pàipear ro-innleachd HR

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh innse gu bheileas ag obair air eacarsaich a tha a' coimhead air a' chuideam a tha a' tuiteam air cuid de dhreuchdan agus mar a bhios sinn a' frithealadh phrìomhachasan ùra.

Dh'aontaich am Bòrd ann am prionnsabal ri àrdachadh bannan pàighidh de 1% airson 2018/19 a rèir moladh Riaghaltas na h-Alba agus gun tig moladh an cois a' Phlana Obrachaiddh a bhios a rèir feum na buidhne. (Gníomh: DC)

13 Sgrùdadh in-thaigh – Manaidseadh Chunnartan

Bha Stiùiriche Eforensics (am buidheann a ghlèidh na h-obrach gus coimhead ri siostam obrach manaidseadh chunnartan na buidhne), Steve Renwick, an làthair aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 9/11/17 far an deach aontachadh am measg eile gun tigeadh plana-gníomh agus clàr-ama mu coinneamh a' Bhùird agus gun tèid seisean air cunnartan a chuir air dòigh leis a' Bhòrd.

Bha pàipear air beulaibh bhall le 1) Aithisg Eforensic (le freagairtean an Sgioba Àrd-stiùiridh); (2) Plana Gnìomh; agus (3) Clàr-ama agus chaidh deasbad a chumail.

Bha buill den beachd gu robh an clàr-ama a chaidh a chuir air adhart aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh ro àrd-amasach agus gun deigheadh bùth-obrach Bùird a chumail san Fhaoilleach 2018 agus gun deigheadh an clàr atharrachadh gus seo a shealltainn, leis an aithisg foirmeil a thaisbeanadh aig coinneamh na Comataidh sa Chèitean 2018. (Gníomh: NMG)

14 Poileasadhean

Bha poileasadhean Sgeama Rianachd & Tiomnachaидh; Gnàth Riaghailtean; Riaghailtean Ionmhasail agus Poileasaидh Anabarrachd air beulaibh Comataidh S&D air 24/8/17 agus a' leantainn atharraichean a chaidh a mholadh, bha na poileasadhean seo air beulaibh a' bhùird agus chaidh an aontachadh. Thèid am foillseachadh air làrach-lìn na buidhne. (Gníomh: MAMI)

Ann an co-theacsa Sgeama Rianachd & Tiomnachaидh, chaidh aontachadh, gus ceadachadh geàrr-chunntasan nan comataidhean a bhith a' nochdadh ann am pàipearan bùird, gu robh feum air barrachd ùine eadar coinneamhan Comataidh agus coinneamhan bùird gus ùine a thoirt do gheàrr-chunntasan a bhith air an sgrìobhadh agus air an cuairteachadh.

15 Slàinte & Sàbhailteachd

Bha Aithisg Bhliadhnaidh airson 2016/17 air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Bha an aithisg, suas gu Dàmhair 2017, a' dearbhadh gu bheil MG ALBA a' coileanadh an dleastanais a rèir riaghailtean Achd Slàinte is Sàbhailteachd san Àite-obrach 1974 agus a' dearbhadh gu bheil an àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a

lùghdachadh mar bu chòir. Bha buill riaraichte agus chaith an Aithisg Bhliadhnaile a chomharrachadh.

16 Measadh Chunnartan

Aig coinneamh de Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaileidh air 9/2/17 chaith aontachadh gun toireadh an Sgioba Àrd-stìuiriad, fa leth, iomradh air na cunnartan roinne aca. Rinn an t-Àrd-Oifigeal taisbeanadh air na cunnartan roinne aig a' choinneamh air 9/11/17.

Chaidh aontachadh sealladh nas fheàrr a bhith sa chlàr air na tha am buidheann a' dèanamh gus riosgan co-cheangailte ri slàint' inntinn a lùghdachadh agus gun tèid na nithean seo an sealltann sa chlàr mar *mitigators*. (Gníomh: DC)

Chaidh aontachadh gum biodh e feumail coimhead ri riosgan ann an seadh a bhith a' coileanadh amasan agus a bhith a' coimhead ri cuid a riosgan mar cothroman cuideachd.

17 Cùmhnantan airson aonta a' bhùird

A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh cosgais air prògraman nas àirde na £500k gu h-iomlan no nas aìrde na £100k san uair, aonta a' Bhùird.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sìreadh aonta a' Bhùird airson pàirt a ghabhail ann an sgeama EBU (European Broadcasting Union's Children's Drama Exchange) ann an 2018 agus 2019 agus chaith na leanas aontachadh: prògraman drama chloinne 2018 & 2019, 1 x 15 = 0.25 uairean (gach bliadhna) aig cosgais £ [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta] (gach bliadhna) do MG ALBA.

17 Aithisgean air dèanadas – Q1 2017/18

Chaidh na h-aithisgean a chomharrachadh.

18 GISBE

Chaidh taing agus meal-a-naidheachd a chuir air sgioba Eòrpa a choisinn duais BAFTA.

Thèid coinneamh a chuir air dòigh eadar an Cathraiche agus Steve Morrison, Ball a' BhBC ann an Alba. (Gníomh: MAMI)

Chaidh taing a nochdad gu riochdairean bho Riaghaltas na h-Alba agus gu riochdairean bhon chompanaidh a tha an sàs ann an obair brosnachadh-aithne phrògraman BBC ALBA, airson dìnneir cho tlachdmhor air 22/11/17.

Deasbad nan Sgoiltean – thèid a' chuairt dheireannach a chumail ann an Dùn Èideann air 29/11/17 agus thèid fios a sgaoileadh air buill. (Gníomh: MAMI)

Fèin-mheasadh a' bhùird – ann an còmhraidhean eadar an Cathraiche agus buill, chaidh aontachadh gu robh cothrom aig buill a dhol eadar an dà Chomataidh gus eòlas a chuir air obair gach Comataidh. Chaidh innse gu bheil Donald MacAmhlaigh a-nis mar lar-Chathraiche air Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus Iain Stephen Moireasdan na lar-Chathraiche air Comataidh Inbhean.

Comataidh Ainmeachaидh – tha fastadh gu ballrachd MG ALBA air a chumail le Ofcom agus thathas airson dèanamh cinnteach gu bheil am fastadh sin èifeachdach ann a bhith a' misneachadh thagraidhean aig am bheil sgil, eòlas is comas cuir airson dreuchdan bàna. Ann an co-theacs sin, bidh an Cathraiche, agus Cathraichean nan Comataidhean, a' coinneachadh air 23/1/18. Thuirt an t-Àrd-Oifigear gun do chuir Ofcom fàilte air an naidheachd gu robhas a' steidheachadh a leithid.

Chaidh innse gum bi fios a' nochdad a dh'aithghearr mun dithis a bha soirbheachail sa chothrom a bhith nan preseantair/neach-aithris, ag obair le Nemeton TV air BBC ALBA.

Prògraman a' Mhòid - chaidh aontachadh gun deigheadh fios air ais chun Chomunn Ghàidhealach le beachdan mu bhith a' leasachadh mar a tha iad a' làimhseachadh ghnothaichean aig cuid de na prìomh cho-fharpaisean, gu maith luchd-cleachdaidh Radio nan Gàidheal/BBC ALBA. (Gníomh: IMT)

Chaidh aontachadh sgriobhadh gu Deirdre Brock BP agus Ian Blackford BP. (Gníomh: DC)

Chaidh taing a nochdad don Sgioba Àrd-stiùridh airson an cuid obrach, aig àm far a bheil dùblain gu leòr agus thuirt am Bòrd gu bheil iad ann gus taic a thoirt dhaibh aig ìre sam bith.

Clàr choinneamhan 2018 – thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh air agus a chuaireachadh air buill. (Gníomh: MAMI)

Chaidh moladh gum biodh fiosrachadh bunaiteach aig buill m.e. cosgais gach uair (cost per user hour) agus dè tha am BBC a' cosg air Gàidhlig gu h-iomlan a bharrachd air na tha iad a' cosg air BBC ALBA. (Gníomh: DC)

Thèid coinneachadh le Dòmhnull Camshron BPA air 29/11/17. (Gníomh: DC)

Chaidh aontachadh tachartasan agus clàr-ama a chuir air an App airson buill (Gníomh: MAMI)

19 Deit agus ionad na h-ath choinneimh: 22/2/18, Glaschu

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

deit: